

# Trioblaid air fàire

Tha an t-uabhas de charbon air a stòradh ann am mòinteach agus ann an coillteach Alba, agus tha iad air leth cudromach airson smachd a chumail air atharrachadh na gnàth-shìde

1

'S e coillteach a tha ann an timcheall air 17% de dh'Alba. Mar sin tha sinn air tè dhe na dùthchannan as lugha de choillteach san Roinn Eòrpa.

2

Mar a bhios coilltean a' fàs, tha carbon dà-ogsaidh ga thoirt às an èadhar. Tha e na chuideachadh ma chuireas sinn barrachd chraobhan.





Ma tha gnàth-shìde fon urrainn dhuinn a bhith beò a' dol a leantainn air an Talamh, tha àite cudromach aig coilltean agus mòinteach. Bidh iad le chèile a' toirt carbon dà-ogsaidh às an àile agus cumaidh iad e fad nan ceudan, no fiù 's mìltean, bhliadhnaichean.

'S e carbon dà-ogsaidh (CO<sub>2</sub>) an gas a bhios càraichean, stèiseanan cumhachd agus gnìomhan eile ris am bi daoine, a' leigeil mu sgaoil. Bidh an gas a' glacadh teas ann an àile na Talmhainn. Bidh sin a' blàthachadh na planaìd agus bidh e ag adhbharachadh atharrachadh sa ghnàth-shìde agus tha sin na chunnart dhuinn uile.

Ach faodar na buannachdan bho choilltean agus bho mhòintich a chall gu math luath. Le bhith a' leagail chraobhan no a' tioramachadh mòine, thèid tòrr dhen charbon a tha air a stòradh a leigeil mu sgaoil dhan àile. 'S e sin ri ràdh, thèid aig mòintich agus coilltean beò air carbon a ghleidheadh, ach bidh feadhainn a tha a' bàsachadh a' leigeil a-mach a' charboin a bha iad air a stòradh roimhe.

“Tha craobhan agus mòinteach air a dhà dhe na stòran carboin as motha ann an nàdar Alba,” thuirt Anndra Coupar, stiùiriche buidheann nam mòinteach aig SNH. “Ma tha sinn a' dol a lùghdachadh atharrachadh na gnàth-shìde agus na tha a' dol mu sgaoil de ghasaichean an taigh-ghlainne, tha e cudromach gun glèidh sinn nas urrainn dhuinn dhe na stòran seo.

“Gun teagamh, faodaidh carbon a dhol mu sgaoil ann an dòighean eile. Mar eisimpleir, bidh craobhan a' bàsachadh agus a' grodadh, bidh fiodh no mòine ga losgadh, agus tha mòine ga buain no a' caitheamh air falbh. Ach faodar cur ris na stòran cuideachd.

“'S ann mar sin a ghabhas siostaman nàdarra a chleachdadh gus na tha de charbon san àile a lùghdachadh. Mar eisimpleir, faodaidh sinn barrachd chraobhan a chur agus mòinteach a chaidh a mhilleadh ùrachadh.”

Bheir am fiosrachadh agus na h-àireamhan a leanas (far a bheil tunna CO<sub>2</sub> co-ionann ri na bhios daoine a' leigeil a-mach air an anail gach bliadhna) beachd air cho cudromach 's a tha ar coilltean agus ar mòinteach mar stòran carboin:

## Obair fiodha

- Gach bliadhna, bidh coilltean Alba a' toirt air falbh mu 10% dhe na gasaichean taigh-ghlainne a bhios sinn a' leigeil mu sgaoil.
- 'S e mu 3 tunna carbon gach heactair an cuideam cuibheasach a bhios ga stòradh gach bliadhna bho thèid craobhan ann an coille mhalairteach gus an tèid an leagail.
- Ma chleachdas sinn tunna fiodha an àite tunna concait no tunna bhreigichean ann an togalach, caomhnaidh sin mu thunna de charbon dà-ogsaidh.

## Sàr stòran

- Cha mhòr nach eil 25 uiread de charbon ann am mòinteach ann an Alba na tha anns a' chòrr de lus-bheatha san RA.
- Cha mhòr nach eil trian dhen charbon a th' ann an coilltean na Roinn Eòrpa air fad (3 billean tunna an coimeas ri 9.5 tunna) ann am mòinteach Alba.
- Bidh mòinteach a tha ga drèanadh airson coilltearachd a' leigeil eadar 2–4 tunna carboin gach heactair mu sgaoil gach bliadhna sa chiad 2–4 bliadhna an dèidh treabhadh. An dèidh sin bidh na craobhan a' tòiseachadh air carbon a stòradh.
- Bidh mòinteach dha nach deach buntainn a' stòradh mu 0.25 tunna de charbon gach heactair gach bliadhna.



3

## Cùisean an-dràsta

- Tha gach dachaigh ann an Alba a' leigeil mu 0.5 tunna carboin mu sgaoil dhan àile gach bliadhna air sgàth cleachdadh dealain.
- Tha mu 1.8 millean heactair de mhòintich ann an Alba agus 2.3 millean dachaigh. Mura biodh milleadh sam bith air a' mhòintich, ghleidheadh sin mun aon uiread ri 40% dhen charbon gu lèir a tha dachaighean ann an Alba ag adhbharachadh tro chleachdadh dealain.



4

## Atharrachadh leis a' ghaoith

- Bheir roth-gaoithe àbhaisteach air tìr de 2 megawatt lùghdachadh de 2260 tunna gach bliadhna air sgaoileadh CO<sub>2</sub> (an taca ri dealan air a chruthachadh bho iomadh bun-stòr
- gual, ola, gas, hydro agus feadhainn ath-nuadhachail).
- Tha e follaiseach gu bheil tuathan gaoithe a' lùghdachadh sgaoileadh carboin bho chonnadh fosail. Ach ma thogar iad air a' mhòintich, faodaidh gun toir iad eadar 2–5 bliadhna a' dioladh airson call na mòna.



5



6

## Cùis smaointinn

- Le liotair dìosail a losgadh, cruthaichidh e mu 2.62 kg de charbon dà-ogsaidh. Chan eil uiread de charbon ann am peatrail agus cruthaichidh sin mu 2.39 kg de CO<sub>2</sub> gach liotair.
- Bidh lus-bheatha ann am boglach, air nach do chuireadh dragh, a' cruinneachadh mu 920 kg de charbon dà-ogsaidh gach heactair gach bliadhna.
- Mar sin bidh heactair de bhoglach, air nach do chuireadh dragh, a' stòradh de CO<sub>2</sub> 's na chuireadh 384 liotair peatrail no 350 liotair dìosail a-mach gach bliadhna.
- Aig pris an latha an-diugh, chosgadh an connadh seo mu £345 gach bliadhna.
- Tha a' chosgais airson boglaichean ùrachadh le stopadh dhrèanaichean ag atharrachadh gu mòr. Dh'fhaodadh gun cosg e ceudan notaichean gach heactair no dìreach £8 gach heactair anns an Dùthaich Bhog ann an Gallaibh & Cataibh.

“Bidh craobhan agus mòinteach ag obrachadh còmhla gus na tha de charbon dà-ogsaidh san àile a lùghdachadh,” thuirt Anndra. “Ma dhionas sinn na stòran a tha againn an-dràsta, agus gun stiùir sinn sgìrean gus stòradh carboin san àm ri teachd a chuideachadh, cumaidh iad orra le bhith a' cuideachadh gus lùghdachadh a thoirt air atharrachadh na gnàth-shìde.

“Cuidichidh seo cuideachd gus na tha de bheatha mun cuairt oirnn a chur am meud, agus gheibh sinn mòran sheirbheisean àrainneachd eile, leithid cuideachadh le riaghladh thuiltean agus solar uisge glan.”

3  
**'S e fìor stòran carboin a th' ann am mòintich. Gleidhidh iad carbon fad mhiltean bhliadhnaichean.**

4  
**Tha 53% dhen lùth ann an Alba ga chosg air teas, le dealan a' cosg 20% agus còmh-dhail 27%.**

5  
**Tha mu 20% dhen dealan an Alba ga chruthachadh le lùth ath-nuadhachail.**

6  
**Ma stopar drèanaichean mòintich, faodar comas na boglaich gus uisge a ghleidheadh ùrachadh, agus fàsaidh a' mhòine a-rithist.**